

BUNSGOIL CHROIS NA CÌSE

AITHISG LEANTAINNEACH

1. An sgrùdadh

Dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Ban-rìgh (HMIE) aithisg mu chàileachd foghlaim ann am Bunsgoil Chrois Na Cìse san Lùnastal 2010. A' leantainn air an sin rinn an sgoil le taic bhon ùghdarras foghlaim cinnteach gun tug plana adhartais na sgoile suim de na co-dhùnaidhean a thàinig bhon sgrùdadh.

Thadhail sgioba bhon ùghdarras foghlaim air an sgoil o chionn ghoirid gus measadh a dhèanamh air an ìre gun robh an sgoil a' cumail a' dol air inbhe an fhoghlaim aice a leasachadh, a' toirt a-steach na raointean far an robh feum air adhartas ga chomharrachadh agus dh'fhoillsich iad aithisg adhartais dha pàrantan.

Tha an aithisg seo a' toirt iomradh dhuibh air càileachd an fhoghlaim a tha an sgoil a' toirt seachad bhon sgrùdadh tùsail. Tha i cuideachd a' toirt iomradh air an adhartas a rinnear anns na raointean a chaidh aontachadh airson adhartais.

Tha fòcas air prìomh raointean ionnsachaidh is coileanadh, a' coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh nan sgoilearan agus air stiùireadh gu bhith a' cuideachadh an sgoil gus na h-amasan aice a choileanadh.

2. Adhartasan ann an càileachd an fhoghlaim a thathas a' toirt seachad

2.1 Ionnsachadh agus coileanadh

Anns an sgoil-àraich bha a' chlann socair agus bha iad a'cluich gu dòigheil le chèile. Bha an sgoil-àraich a' toirt seachad deagh fharsaingeachd de chothroman ionnsachaidh ann an àrainneachd bhrosnachail agus cothroman math ann airson a bhith a' leasachadh sgilean litireachd is àireamhachd. Mar eisimpleir bha a' chlann a' faighinn mothachaidh air àireamhachd tro bhith a' cluich geam leagail-shaighdear a-muigh.

Fhuair na sgoilearan raon glè mhath de chothroman fa-leth agus ann am buidhnean agus le uallaichean gus leigeil leotha cur ri beatha na sgoile. Bha iad dealasach mu bhith an sàs agus bhruidhneadh iad le misneachd mu na h-adhartasan a rinnear tro chomhairle nan sgoilearan, buidhnean eco is slàinte. A' cumail ri comhairle nàiseanta fhuair na sgoilearan dà uair a-thìde de dh'fhoghlaim chorporra.

Bha luchd-teagaisg a' dèanamh phlanaichean le bhith a' cleachdadh eòlasan is toraidhean a' Churraicealam airson Sàr-mhaitheis (CfE). Bha fòcas air an sgoil agus aig co-chruinne nan sgoiltean air slàinte is sàr-mhaitheis agus chaidh leabhraib fiosrachaidh a dheasachadh airson pàrantan.

Tha an luchd-obrach air misneachd fhaighinn bho leasachadh proifeasanta leantainneach (CPD) ann an sgrìobhadh. Bha sgoilearan a' bruidhinn gu dealasach mun phrògram sgrìobhaidh ùr

agus bha e comasach dhaibh mìneachadh mar a thug seo adhartas nan cuid sgìlean sgrìobhaidh. Bha an sgoil air obair leasachaidh thràth a dhèanamh ann an còmhradh agus èisteachd, agus bha seo a' leantainn.

Rinnear tòiseachadh glè mhath ann a bhith ag ùrachadh ionnsachaidh is teagaisg matamataics gus am biodh sin a rèir CfE. Bha an sgoil air slighean adhartais ùghdarras ionadail a chleachdadh gus stuthan dealbhaidh taiceil ullachadh. Dhearbh fiosrachadh coileanadh gu bheil tuigse mhath aig a' mhòr chuid de na sgoilearan air prìomh chuspairean matamataics ann an àireamhachd, mar eisimpleir an ceangal a tha eadar iomadachadh agus roinneadh. Bha coileanadh ann an litreachd is àireamhachd aig àrd ìre.

Chaidh adhartas a dhèanamh ann an raon is caochladh ionnsachadh dachaigh, agus thug sgoilearan is pàrantan iomradh adhartach mu na dùbhlannan inntinneach a chaidh an stèidheachadh mar phàirt de ionnsachadh dachaigh. Bha iad cuideachd air an glacadh leis na cothroman ionnsachaidh a bheireadh na iPads a chaidh an ceannach o chionn ghoirid sea chad.

Bha an sgoil air aithneachadh am feum a th'ann a bhith a' cumail ri bhith a' leasachadh ghluasadan nas adhartache airson ionnsachaidh is teagaisg, adhartas fhaighinn air teicneòlas conaltraidh fiosrachaidh (ICT) agus a bhith an tòir air tuilleadh chothroman airson ionnsachaidh eadar-smachdail. Bha planaichean stèidhichte airson an làrach-lìn adhartachadh agus tuilleadh feum a dhèanamh de bhith a' cleachdadh na iPads.

2.2 *A' coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh nan sgoilearan*

Rinnear tòiseachadh math ann a bhith a' dealbhadh ionnsachadh pearsanta. Chur na sgoilearan ri bhith a' stèidheachadh thargaidean agus chaidh iad sin a roinneadh le pàrantan. Thug sgoilearan iomradh adhartach mu bhith a' coinneachadh leis an tidsear aca a thaobh dealbhadh ionnsachadh pearsanta aon gu aon (PLP). Bha fianais math ann mu mheasadh sgoile air PLPn le cruinneachadh bheachdan air prìomh chuspairean mun bhuidhe a bha aig pròiseas ionnsachaidh is teagaisg is ùine.

Bha coltas ann gun robh an sgoil socair agus ag obair gu aona-ghnothach. Bha na sgoilearan misneachail, modhail agus a' bruidhinn gu h-adhartach is dealasach mum beatha san sgoil. Bha an sgoil a' toirt a-steach sealladh in-ghabhaileach agus bha iad a' toirt aithne agus a' libhrigeadh taic iomchaidh dha sgoilearan aig an robh feumalachdan sònraichte. Mar thoradh air CPD bha barrachd tuigse aig an luchd-obrach a thaobh na bha riatanach fo reachdas Taic a Bharrachd airson Ionnsachaidh. Le fìor stiùireadh mhath bhon tidsear airson Taic Ionnsachaidh bha e comasach dha cuidichean ionnsachaidh taic a thoirt dha sgoilearan fa-leth agus buidhnean sgoilear.

Ann an cuid de chlasaichean tha cothroman ann fhathast sùileachadh àrdachadh agus gu sònraichte dùbhlann a thoirt dha sgoilearan a tha nas comasaiche. Le bhith a' cumail a' leasachadh agus ag àrdachadh raintean eadar-dhealachaidh ann an gnìomhachd ionnsachaidh cuidichidh seo le barrachd siùbhlachd ann an leasan agus bheir e cothroman nas iomchaidh dhaibhsan a tha aig diofar ìrean comais.

Bha cuid de luchd-obrach a bha air trèanadh fhaighinn ann an ionnsachaidh com-pàirteil. Mar thoradh air an sin bha e comasach dha cuid de sgoilearan mìneachadh a thoirt seachad air na diofar phàirtean a bh'aca taobh a-staigh suidheachaidhean ionnsachaidh buidhneil. Tha an ceannard air aithne a thoirt don fheum a th'ann air tuilleadh trèanadh a thoirt air adhart san raon seo agus bhathas a' cur air adhart altan aig seiseanan CPD don luchd-obrach.

Bha raon fharsaing de chothroman ann dha sgoilearan a bhith an sàs an raon de thachartasan, agus bha seo a' toirt a-steach prògram Sgeama Duais Òigridh na h-Alba (JASS). Ghabh Bun-sgoil Chrois na Cise pàirt ann an JASS aig ìre thràth agus roinn iad an cuid dealas is eòlas air an seo aig ìre ùghdarras ionadail. Bhathas a' toirt seo a-steach mar phàirt den eòlas fharsaing a tha na sgoilearan a' faighinn bho thachartasan leithid seòladh aig Port Edgar agus a bhith an sàs

ann am Mòdan Nàiseanta is Ionadail. B'urrainn dha na sgoilearan bruidhinn le misneachd mun taic a fhuair iad bhon phrògram seo airson ionnsachadh mu cho-rèiteachadh, fèin-shealladh agus a bhith an sàs ann an dùbhlannan ùra. Bha prìomh phàirt aig a' cho-òrdanaiche gnìomhachd sgoile ann a bhith a' tabhann raon de chothroman dha na sgoilearan.

2.3 Ceannas is stiùireadh

Bha an ceannard-sgoile agus leas-cheannardan ionaid ag obair còmhla mar sgioba èifeachdach agus bha àrd-shealladh aca airson a bhith a leantainn air adhartas sgoile is sgoil-àraich.

Bha deagh roinneadh air ceannas air feadh na sgoile. Bha raon de bhuidhnean-obrach air a bhith a' stiùireadh leasachadh sa churraicealam. Bha cothroman ann inbhean a roinneadh san sgoil agus am measg co-chruinne nan sgoiltean mar phàirt de chuimseachd.

Thug ceannard na sgoile ceannas ro-innleachdail seachad a thaobh leasachadh sa churraicealam agus bha i air dòighean eagarach a thoirt a-steach gus a bhith a' measadh beatha is obair na sgoile. Bha eagrachadh math air clàr cumail sùil air gnìomhachd agus chuidich sin le bhith a' measadh obair na sgoile. Chaidh coiseachdan ionnsachaidh a chuir air chois leis a' phrìomh sgioba riaghlaidh. Thug an luchd-obrach aithne don fheum seo ann an cuairtean ionnsachaidh a leudachadh.

Bha an sgoil gu ìre mhath a' leasachadh chothroman ceannais dha sgoilearan. Chaidh cothroman a thoirt dhaibh uallach a ghabhail mar eisimpleir chuidich iad le bhith ag adhartachadh goireasan raon-cluiche is àrainneachd. Bha prìomh phàirtean aca cuideachd ann a bhith a' dealbhadh agus a' foillseachadh na comharraidhean ceud bliadhna.

Bha an ceannard-sgoile air sealladh co-chomhairleachaidh fosgailte a thoirt air adhart le pàrantan/ luchd-cùraim. Chur pàrantan fàilte air cothroman coinneachaidh le tidsearan, latha fosgailte na sgoile agus air an iris-naidheachd tharraingeach is fhiosrachail. Bha i air a bhith ag obair gu dlùth agus gu h-èifeachdach leis an ùghdarras foghlaim agus coimhearsnachd na sgoile ann an obair leasachaidh na Sgoil Ghàidhlig ùr.

3 Co-dhùnadh

Le taic bhon ùghdarras foghlaim, thug Bunsgoil Chrois Na Cìse inbhe mhath de dh'fhoghlaim dha na sgoilearan aice. Rinn an sgoil deagh adhartas bho chaidh an sgrùdadh air adhart agus rinn iad adhartasan mar thoradh air co-dhùnaidhean an sgrùdaidh. Bha obair sgioba na sgoile air bunait mhath a chur air chois airson adhartas leantainneach. Cha bhith an ùghdarras foghlaim a' foillseachadh aithisgean sam bith eile co-cheangailte ri aithisg 2010 bho HMIE.

Peter Gorrie
Oifigear Adhartas Càileachd
Sultain 2012